



**IndyLan**

Co-funded by the  
Erasmus+ Programme  
of the European Union



## Cuairt-litir IndyLan – luchar 2021

Fàilte dhan treas cuairt-litir againn mu ar pròiseact Erasmus+ [Ionnsachadh So-ghiùlan do Chànanan Dùthchasail \(IndyLan\)](#).

Tha a' pròiseact 26 mìosan a dh'fhaid (2019-2021) air a stiùireadh le [Oilthigh Heriot-Watt](#). 'S i [Dr Katerina Strani](#) Co-òrdanaiche bhon [Roinn Cànanan agus Èòlas Eadar-chultarail](#). Tha 5 pàirtearan an sàs ann an [IndyLan](#) bho 4 dùthchannan (RA, Fionnlainn, Nirribhidh agus An Spàinn):

- [Oilthigh Heriot-Watt](#), RA (Co-òrdanaiche)
- [Comhairle na Còrne](#), RA
- [Prìomh Oifis Comhairle na Sàmi](#), Nirribhidh
- [Learnméra Oy](#), Fionnlainn
- [Asociación Moviéndote por la Integración y la Participación Ciudadana](#), An Spàinn

Tha pròiseact [IndyLan](#) a' leasachadh app so-ghluasad a chuidicheas luchd-labhairt na Beurla, Spàinnis, Nirribhidhis, Suainis agus Fionnlannais gus **Gàidhlig, Albaic, Còrnais, Basgais, Gailísis agus Sàmais** ionnsachadh. [Tha iad uile ann an cunnart aig diofair irean](#). Leasachaidh a' phròiseact chan e a-mhàin goireas ionnsachaidh labhairt cànanan ann an cunnart ach cuideachd fiosrachadh mu dheidhinn luchd-labhairt na cànanan.

**Gallego**

**Davvisámeigiella**

**Euskera**

**Kerneweck**

**Gàidhlig**

**Scots**

Tha a' ghoireas na dhòigh ionnsachaidh tro gheama anns am bi stòir-dàta le mu 4,000 clàran ann an [IndyLan](#) (an dà chuid faclan is abairtean) ann am mu 100 roinn-seòrsa. Bidh na modhan a leanas anns an aplacaid: Briathrachas; Abairtean; Còmhraídhean; Gràmar; Tuigse Cluasach; Cultar.



**IndyLan**

Co-funded by the  
Erasmus+ Programme  
of the European Union




'S e ar namas gun cuidich [IndyLan](#) ath-bheothachadh cànanan ann an cunnart gus am mair na cànanan beò agus freagairt air an latha an-diugh ann an co-theacsa sòisealaich agus eaconamaich.

Tha [làrach-lìn na pròiseict](#) ri fhaighinn ann an 11 cànan. Tha duilleag air [Cànanan agus Sluaghan](#) app IndyLan, le bhidiothan is goireasan. Gheibhear cuideachd naidheachdan is ùrachaidhean a bharrachd air liosta [mach-churan](#).

## Naidheachdan is Ùrachaidhean

### Buaidh COVID-19 air ar Pròiseact

Chùm sinn oirnn ag obair aig astar sa bhliadhna a dh'fhalbh is bha a h-uile coinneamh againn air loidhne. Bhon cuairt litir mu dheireadh san Ògmhios 2020, choinnich sinn air loidhne trì turasan: san t-Sultain 2020, an Dùblachd 2020 agus a' Mhàrt 2021, a bhiodh ar treas coinneamh oifigeil pròiseict ann am Bilbao. Thachair a' coinneamh oifigeil air 23<sup>mh</sup> Màrt air Zoom. Bhruidhinn sinn air adhartas air **Mach-chur Innleachdail 2 (an app ann an cruth beta)**, measaidhean (taobh a-muigh agus taobh staigh na pròiseact) ar air mach-churan agus sanasachd. Bhruidhinn sinn cuideachd air ullachadh airson **Mach-chur Innleachdail 3, àm deuchainn pileat**, agus dh'ùraich sinn clàr-ama foillseachaidh an app.



*Choinnich pàirtearan air loidhne aig an 3<sup>mh</sup> coinneamh phròiseact oifigeil sa Mhàrt 2021*



**IndyLan**

Co-funded by the  
Erasmus+ Programme  
of the European Union



An toiseach bha amas againn gum biodh tionndaidh beta an app deiseil sa Ghiblean agus cuir air bhog san Ògmhios. Ach chur galar-sgaoilte COVID-19 mall oirnn ann an dòigh nach robh sinn an dùil agus nas lugha comas obrachaidh nar sgioba. Tha sinn a-nis an dùil gun tòisich deuchainnean an app san Lùnastal agus gum bi cuir air bhog oifigeil san t-Sultain. Cumaidh sinn fiosrachadh ribh!

Gheibh sibh cuideachd cuireadh gu ar **tachartasan sgaoilidh ionadail agus eadar-nàiseanta as t-foghar**, tuilleadh fiosrachaidh a dh'aithghearr.

## Ro-shealladh air an app

Tha pàirtearan air crìoch a chur air 4,000 eisimpleirean briathrachais, a bharrachd air abairtean, còmhraídhean, stuthan gràmair agus eacarsaichean airson gach cànan. Cha robh sin furasta air sgàth 's gun robh rudan ann nach gabh eadar-theangachadh (coltach ri Gàidhlig chan eil faclan 'yes' agus 'no' ann an Còrnais), rudan a tha doirbh eadar-theangachadh ([cò leis a tha rudeigin](#) sa Ghàidhlig) no le barrachd na aon eadar-theangachadh ([faic briathrachais sneachda ann an Sàmais](#)).

Tha sinn an-dràsta a' crìochnachadh deuchainnean app taobh-staigh ar sgioba. Seo glacaidhean-sgrìn!

The screenshot shows the app's user interface. At the top, there are three screens: 'SELECT TARGET LANGUAGE' (Scots, Gaelic, Northern Saami, Cornish, Galician, Basque), 'Culture' (Milliken Park/Páirc Mhaolagain), and 'CULTURE' (with an information icon). The main content area displays a question: 'What is the name of the Gaelic college on the Isle of Skye?'. Below the question are four options: 'Lewis Castle College', 'Comhairle nan Eilean Siar', 'UHI', and 'Sabhal Mòr Ostaig'. A note at the bottom left explains that the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 was passed with support from all parties in the Scottish Parliament, and the Bòrd na Gàidhlig was set up supported by and responsible to Scottish Parliament Ministers to develop and co-ordinate the National Gaelic Language Plan. The Bòrd has worked with many partner associations to assist them in developing Gaelic Plans of their own, including Caledonian MacBrayne, University of Glasgow and Historic Scotland. A note at the bottom right states that SpeakGaelic is a Gaelic adult learning campaign launched in September 2021, and users will have the option of experiencing SpeakGaelic in three different ways, all of which will be integrated, but also capable of being consumed discretely: taught through a SpeakGaelic course, and/or consuming the content on its own.



**IndyLan**

Co-funded by the  
Erasmus+ Programme  
of the European Union



Dè cho fada air falbh 's a thae?

Show translation

cearcall na sùla

Show translation

Aig an dotair

Dè nì mi dhulbh an-diugh?

Tha mo ghualann gort.

Dè cho fada 's a tha i air a bhith gort?

Tha fad tri seachdainean.

An do ghoirtich sibh i?

Ghoirtich. Saoilidh mi nuair a bha mi a' cluich ball-basgaid.

Ceart gu leòr. Saoilidh mu gu bheil treathaid agaibh.

An toir sibh dhomh rudeigin airson a' phian?

TAP TO CONTINUE

TAP TO CONTINUE

TAP TO CONTINUE

## Sgaoileadh agus tachartasan

Rinn [Áile Javo, Àrd Rùnaire Comhairle nan Sàmi](#), tè de na pàirtearan againn, taisbeanadh air a' phròiseact aig tachartas UNESCO air Cànanan Dùthchasach san Fhaoilieach:

[#ArcticConnections - Indigenous Languages: Thriving in a Digital Age - YouTube](#)



IndyLan

Co-funded by the  
Erasmus+ Programme  
of the European Union



You are viewing Alie-Javo (Saami)'s screen. View Options... Alle-Javo (Saami) is talking... View

Indigenous Language & Culture app

- Gaelic, Scots, Cornish, (Northern) Saami, Basque, Galician
- Support languages: English, Spanish, Finnish, Swedish, Norwegian
- 4,000 study items
- 100 categories
- 700 idiomatic phrases
- 20 written and audio dialogues
- Grammar practice
- Quizzes
- Culture tab
- Feedback provision

Focus on the cultures connected with these languages  
No separation of language from its speakers

IndyLan

Leave

Rinn [Katerina Strani](#), co-òrdanaiche na pròiseict, taisbeanadh na h-òraide 'Cànanan agus Coimhearsnachdan: Co-obrachaidhean Albannach-Artach co-aimsireil agus an àm ri teachd', aig Sreath Lìonra Albannaich-Artaich: A' Brosnachadh Coimhearsnachdan Ionadail agus Dùthchasach sa Mhàrt: <https://youtu.be/gSAL0gMg-m0>

Katerina Strani

## Indigenous Language & Culture app

- Gaelic, Scots, Cornish, (Northern) Saami, Basque, Galician
- Support languages: English, Spanish, Finnish, Swedish, Norwegian

Impact

- A wider interest in learning indigenous and endangered languages
- language revitalization
- awareness of speakers' cultures
- Transferable skills
- Employability

Focus on the cultures connected with these languages  
No separation of language from its speakers

- Language teaching staff and learners → homework through the app
- Networking bw academics, researchers and policy-makers

IndyLan




**IndyLan**

Co-funded by the  
Erasmus+ Programme  
of the European Union



Thachair an Co-labhairt Leth-bhliadhnaileonad Ionnachsaidh Eadar-chultarail Heriot-Watt Chèitean. Am bliadhna bha e ann an cruth cèilidh air loidhne. Am measg na fheadhainn a sheinn is mar sin bha [Steve Byrne](#), a tha ag obair air a' phròiseact, [Meg Bateman](#), [Niillas Holmberg](#), [Brian Ó hEadhra agus Fionnaig Nic Choinnich](#).

Ma chaill sibh e, gheibhear fiosrachadh mu dheidhinn an seo: [Intercultural Research Centre Symposium and Cèilidh 2021 | LifeinLINCS](#)



[Steve Byrne aig Cèilidh Cho-labhairt Ionaid Ionnachsaidh Eadar-chultarail](#)

Thachair tachartasan [Seachdain Bruidhinn Còrnais](#) air loidhne am bliadhna, agus bha ar pròiseact an sàs air Twitter. Meur ras Kernow! ; Taing mhòr a' Chòrn!



**IndyLan**

Co-funded by the  
Erasmus+ Programme  
of the European Union



IndyLan project  
@IndylanP

...

And there's still time to include these in the IndyLan  
#app ! Meur ras ! #Kernewek #Cornish  
@MarghTrevethan @CornwallCouncil #meurras

[indylan.eu/an-ragdres/](http://indylan.eu/an-ragdres/)

Sodhva an Yeth Kernewek | Cornish Language Office @SAYKerne... · Jun 24

Here's a few Cornish words and phrases for whatsapp, tweeting etc for all those @Euros2021 matches coming up

FALSURI FOUL  
WAR'N TU KAMM OFFSIDE  
DORNBEL HANDBALL  
SELWYANS SAVE  
GOL GOAL  
HANTED TEDMVN

3:42 PM · Jun 24, 2021 · Twitter Web App

Reply Retweet Like Share

## Na h-ath cheumannan:

- Bidh deuchainnean taobh staigh na buidhne deiseil sna seachdainean a tha romhainn
- Tòisichidh ùine dheuchainnean poblach, Mach-chur Innleachdail 3, san Lùnastal.
- Bidh deuchainnean pileat ann am **Mach-chur Innleachdail 3** air an libhrigeadh le cleachdaidhearan aig astar agus aig ar tachartasan sgaoilidh anns a h-uile dùthach pàirtear as t-samhradh 2021.
- 'S e an amas gum bi an app air a chuir air bhog aig ar Tachartas Sgaoilidh Deireannaich sa Chòrn as t-foghar 2021.

Gheibhear an app air loidhne an asgaidh air iOS agus Android air feadh an t-saoghail. Coltach ri a h-uile aplacaid ionnsachaidh cànan, obrachaидh [IndyLan](#) le cùrsaichean cànan agus cultar eile mar ghoireas fèin ionnsachaidh.



**IndyLan**

Co-funded by the  
Erasmus+ Programme  
of the European Union



*Thèid an ath chuairt-litir fhoillseachadh san t-Sultain 2021, cum sùil!*

---



Lean air **Twitter**: <https://twitter.com/IndylanP>



Lean air **Facebook**: <https://www.facebook.com/ProjectIndyLan>

*Cuiribh ceistean no beachdan thugainn: [info@indylan.eu](mailto:info@indylan.eu)*